

An Cabar

Gleus D^b - *Moderato*

'Sa ghleann ud shu - as thug ciob - air òg A chrom - ag dhòmhs' an dé; Bha'n
5
cag - ar 'chuir - e 'm chluais mar cheòl, 'Smo chridhe le sòl - as 'leum; Cha'n
9
inns mi'n cag — ar ud, a luaidh, Do ghruag - ach 'tha — fo'n ghréin; Oir —
13
mheall e uam, cha cheil mi uait, Mo chridh' gu buan's gu léir.

Is tric ar maidainn Earraich chiùin
A lean mo shùil do cheum;
A' dìreadh, siùbhlach, cnoc is stùe,
Feadh chreag is sgùir a' leum;
Gu'm b'fhuasagailteach do ghluasad treun
Mar chas an fhéidh air raon,
Ri aghaidh speur, air bàrr nam beur,
Do shealladh geur an taobh-s'.

Bha m'fharmad ris a' chuilean luath,
Gach uair leat air an fhraoch;
Bha farmad agam ris gach gruiadh
A lasadh suas fo aiodh;
Do bhriathran ciallach, fìorghlan, teann,
B'iad m'inntinn riut a dh'aom,
Mar sholus reul air loch gun ghreann,
A' dealradh air mo smaoin.

Tha thu mar ghréin a' chéitein leam,
A dh'éireas ciùin, gun neòil,
A' togail sùil nan neòinean trom',
'S iad crom gu làr, fo dheòir;
A' dùsgadh eòin nan tom 's nan geug
Gu dùrdail ait is ceòl;
Cha' n fhaic mi faileas air mo speur
Fhad 's tha fèin 'am chòir.

Mar ròs a' ghàraidh thar gach blàth,
A'm shùil-sa tha thu, ghaoil;
Mar ghiubhas cìbhraidh, dìreach, àrd,
'S a cheann thar ceann gach craoibh;
Mar uisge fuarain glan nam beann,
Do chòmhradh suairee, caoin,
Mar anail mhilis chneas nan gleann,
'S na blàith 'nam mìltean sgaoil'.

A chìobair òig, 'bha leamsa shuas,
Fo sgàil na bruaich, an dé;
Mar cheòl bha'n eagar 'chuir thu m' chluais,
'S mo chridh' tha fuaight' riut féin;
Ach, och! 's e 'n diugh a dh'fhàg mi truagh,
Nach meal mi buan do ghaol.
Ged bheirinn suas, air sgàth mo luaidh,
Gu h-uallach, mìle saoghal.